

Geàrr-chunntas de choinneimh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhair Mhòir a chaidh a chumail air Dihaoine 9 Òg-mhìos 2017 aig Sabhal Mòr Ostaig aig 10.00m.

BUILL:	Aideen Ni Mhaille (Cathraiche) Sandy Jones Sine Ghilleasbuig Art MacCarraig Aonghas L. MacLeòid Iain Greumach Catriona Dunn	Máire Ni Annrachain Aonghas MacAonghais Boyd Robasdan Cairistiona Walker
AN LÀTHAIR:	Iain Tormod MacLeòid (bho 11) Donnie Rothach (bho 11) Nicola NicThòmais	Iain Gòrdan Fiona NicFhionghain
LEISGEULAN:	Ciorstaidh Alexander Innes MacCuinn Aonghas S. MacLeòid Faye NicLeòid	Iain Moireasdan Alasdair MacLeòid

GNÌOMH

1 FÀILTE

Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair, agus gu h-àraidh air Cairistiona Cain ceannard an Leabharlainn a bha a' dèanamh taisbeanadh mun leabharlann do na buill.

2 TAISBEANADH – An Leabharlann

Tha an Leabharlann an-dràsta ann an suidheachadh èiginneach a thaobh gainnead sgeilpichean airson nan cruinneachaidhean sònraichte a tha a' Cholaiste air fhaotainn bho chionn ghoirid.

Thug Cairistiona seachad taisbeanadh air na leasachaidhean a tha san amharc sa gheàrr-ùine. Chaidh planaichean bho Design Concept, companaidh dealbhachaidh Leabharlannan, a shealltainn agus chaidh mineachadh a thoirt seachad air na h-atharraichean a bhios air gach làr. Cosgaidh an obair gu lèir mu £95,000. Chaidh ceistean fhaighneachd air cò às a thigeadh an t-airgead airson seo.

Mhìnich Boyd gu bheilear dòchasach gum faighear suas ri dà thrìan den airgid calpa bhon Riaghaltas. Dh' fheumadh SMO suim mu £30,000 a lorg. Chan eil an suim seo sa bhuidseat, ach bhiodh e comasach iasad shònraichte fhaighinn gus am beàrn sin a lionadh. Bha na buill a-meas an leasachadh cudromach agus riatanach agus

dh' aontaich iad gu h-aon ghuthach a dhol air adhart leis agus a' chosgais a sheasamh.

Chaidh taing a thoirt do Chairistiona airson an taisbeanadh agus gu Greg airson an obair ionmholta a tha an dithis aca a' dèanamh san Leabharlann.

Chaidh na puingeann a leanas an togail bhon taisbeanadh.

2.1 Leabharlann san fhad-ùine - Thathas ag amas air togalach ùr san fhad-ùine a bhiodh a' togail inbhe nàiseanta an Leabharlainn.

Bhiodh an togalach aig cridhe an t-Sabhair le pròiseactan nàiseanta rannsachaidh suidhichte cuideachd mar: Faclair na Gàidhlig; Soillse; Tobar an Dualchais; Ainmean-àite. Tha còmhraidhean air a bhith ann eadar Anna NicMhathain bho Chomataidh an

Leabharlann agus John Scally, Ceannard an Leabharlann Nàiseanta. Tha Boyd air cuireadh a thoirt dha agus do Sir Kenneth Calman tighinn dhan Cholaiste agus tadhal air an Leabharlann. Bha na buill a' faireachdainn gun robh na ceanglaichean leis an Leabharlann Nàiseanta misneachail a thaobh a' chinn-uidhe seo.

- 2.2 **Siostam Pùdair** - Chaidh faighneachd mu shiostam sàbhailteachd teine agus an robh siostam pùdair san leabharlann airson na leabhraichean a dhion. Chan eil siostam den t-seòrsa seo anns an togalach, dìreach clagan teine. Chaidh aontachadh gur e cunnart mòr a bha seo dhan t-Sabhal agus gum bu chòir seo a rannsachadh. **Thèid bruidhinn ri Dòmhnall Angaidh mu seo.**
- 2.3 **Poileasaidh Acquisitions** - Mhol Máire gum bu chòir poileasaidh foirmeil a bhith ann agus gum bu chòir a dhol a bruidhinn ri daoine aig a bheil cruinnichidhean. **Chaidh seo aontachadh.**
- 2.4 **Preasaichean airson oileanaich** - Bha beachd aig Máire gum biodh e iomchaidh gum biodh preasaichean/ carousels le glas ann do dh' oileanaich gus nach bi aca ri stuthan a thoirt a-mach is a-steach dhan Leabharlann. Chaidh aontachadh ris a' bheachd seo airson an togalaich ùir. Cha bhiodh rùm ann airson an leasachadh sin an-dràsta.
- 2.5 **Ath chlà air seann leabhraichean** - Chaidh moladh gum biodh an Leabharlann an sàs ann a bhith ag ath-chlà-bhualadh seann leabhraichean prìseil m.e. *Sàr Obair nam Bàrd Gàidhealach* gus inbhe an Leabharlann a thogail agus ùidh dhaoine a tharraing. Thathas an dòchas gum bi barrachd chothroman ann rudan mar seo a dhèanamh leis gum bi neach-obrach ùr san Leabharlann a dh' aithghearr agus bidh cothroman ann na seirbhisean a leasachadh.

CC/NNT

CC

3 GEÀRR-CHUNNTASAN

- 3.1 **CU17-01-02 (03.03.2017):** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh agus chuir an Cathraiche a làmh ris.
- 3.2 **Puingean Gnìomh**
Chaidh obrachadh tro na puingeann gnìomh a leanas:

CU	Puing	Cuspair	Gnìomh	Dèante
17-01	3.6.4	Buidheann Trusaidh Cuir buidheann air dòigh ro choinneimh a' Bhùird san Òg Mhios.	NNT	Dèanta
17-01	3.6.5	Stiùiriche an Ionmhais Bruidhinn ris an neach a tha os cionn oifis E&Y feuch am biodh ùidh aig duine san obair.	ASML	Air a ghabhail thairis
17-01	5.1	Tuarastalan / Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta (NRPA) Cuir air dòigh coinneamh luchd-obrach far an tèid na co-dhùnaidhean a mhìneachadh gu soilleir dhan luchd-obrach.	NNT/ BR	Dèanta
17-01	5.5.1	Inbhe na Colaiste Buidheann-obrach air a stèidheachadh airson coimhead ri ceist structar agus	NNT	Dèanta

		inbhe na Colaiste.		
17-01	6.1.4	Buill ùra Beachdachadh air daoine bho shaoghal an fhoghlaim, rannsachaidh agus eòlaichean air leasachadh agus planadh cànan. Cuir ainmean gu Rùnaire a' Bhùird.	Buill air fad	Air a' chlàr
17.01	7.1.1	Leabharlann Cuireadh a thoirt do mhuinntir an Leabharlainn taisbeanadh a dhèanamh aig an ath choinneimh. Air a chlàr-ghnothaich mar chuspair	NNT/FNF FNF	Dèanta Dèanta
17-01	8.1	Fèin-Luachadh Dreacht na h-aithisge ri chuairteachadh.	FNL	Dèanta

3.3 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd CIO17-02-02 [19.05.2017]**

Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.

3.4 **Comataidh Chorporra: CoCo17-02-02 [17.05.2017]**

Thugadh fa-near an geàrr-chunntas

3.5 **Comataidh Foghlaim is Rannsachaidh: CFR17-02-02 [18.05.2017]**

Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.

3.6 **Gnothaichean ag èirigh:**

3.6.1 Chuir an cathraiche meal-a-naidheachd air OGE a fhuair an cumhachd ceumannan rannsachaidh a bhuileachadh (Research Degree Awarding Powers). Tha sin a' ciallachadh gum bi SMO a-nis a' faighinn cheumannan tro OGE an àite Oilthigh Obar Dheathain.

3.6.2 **Chaidh aontachadh** co-fhaireachdainn a chur gu teaghlach Eilidh NicLeòid a chaill a beatha ann an ionnsaigh cheannairc Mhanchester.

BR

4 **ÙIDHEAN**

Art - Ruairidh a mhac ag obair anns a' Cholaiste.
Boyd, Iain Gordon agus Donnie nam buill air Bòrd Cànan/ Cànan Alba.

5 **AITHRIS A' CHATHRAICHE - Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta (NRPA)**

Chan eil adhartas sam bith air a bhith ann. Thathar a' cumail sùil air an t-suidheachadh gu nàiseanta. Bidh Nicola a' dol gu coinneimh an Employers Association air an 19mh den mhios.

6 **BALLRACHD**

6.1 **Buill ùra**

Bidh 3 buill ùra a dhìth aig deireadh na bliadhna. Chaidh beachdachadh air daoine bho shaoghal an fhoghlaim, rannsachaidh agus eòlaichean air leasachadh agus planadh cànan. Tha liosta aig Fiona agus thèid bruidhinn ri na daoine a th' air an liosta.

BR

6.2 **Prìomh Bhall Neo-Eisimeileach**

Chaidh Sandy Jones a mholadh mar phrìomh bhall neo eisimeileach agus **dh'aontaich Sandy an dleastanas a ghabhail os làimh.**

7 **AITHISG A' PHRIONNSAPAIL**

7.1 **Aithisg a' Phrionnsapail**

Bhruidhinn am Prionnsapal ris an aithisg agus thugadh fa-near na puingeann a leanas:

7.1.1 **Ceanglaichean ann an Canada**

Bidh Iain Tormod a' tadhal air Colaiste na Gàidhlig ann an Ceap Breatainn airson co-labhairt aig toiseach an Iuchair. Thathar an dòchas MOU a chur air dòigh leis a' Cholaiste. Bidh triùir oileanach bho SMO a' dol air iomlaid a Cheap Bhreatainn mar phàirt den Chùrsa aca nas fhaide air adhart sa bhliadhna.

7.1.2 **Shirley Anne Sommerville, Ministear Foghlam Ard-ìre Agus Foghlam Leantainneach**

Bheir Boyd cuireadh do Shirley Anne Sommerville tighinn dhan Cholaiste, gu h-àraidh airson bruidhinn air maoinachadh Faclair na Gàidhlig a tha tighinn gu crìch an ath-bhliadhna.

BR

7.1.3 **John Swinney, Ministear an Fhoghlaim**

Thathar an dòchas gum bi John Swinney aig a' Cholaiste san dàrna leth den Lùnastal. Bidh cothrom ann a thoirt a dh' fhaicinn na taighean ùra a bhios deiseil an uairsin.

8 **GNOTHAICHEAN CORPORRA**

8.1 **Aithisg Stiùiriche an Ionmhais**

Thugadh fa-near aithisg Stiùiriche an Ionmhais.

8.2 **Buidseat**

Chaidh gabhail ris a' bhuidseat ach le mothachadh bho na buill gu bheil cunnartan ann. Tha àireamhan oileanach HE nas isle airson 2017-2018 agus tha mi-chinnt ann mun airgead a thathar an dùil fhaighinn airson an studio Skyespace. Tha plana gnìomhachais ri sgrìobhadh airson an studio a mhargaideachd gu ceart.

IG

8.3 **Clàr Chunnartan**

Chaidh aontachadh an clàr chunnartan fhàgail chun na h-ath choinneimh. Bidh an clàr air a dheasbad aig an ath choinneimh den Chomataidh Sgrùdaidh air an 23 Ògmhios agus tillidh e chun a' Bhùird aig coinneimh na Sultaine. Chaidh trì puingeann cudromach a thogail air na cunnartan a bu chòir coimhead ris:

IG/
Comataidh
Sgrùdaidh

1. Trusadh oileanach
2. Àireamh nan oileanach
3. Co-fharpais le àitichean/ cùrsaichean eile

8.4 **Aithisg Chorporra**

Thugadh fa-near an aithisg Chorporra agus gum bi obair na fo-bhuidhne Trusaidh / Duais a leantainn.

8.5 **Comasan nan Comataidhean**

Chaidh coimhead ri na comasan agus atharraichean aontachadh agus molaidhean a dhèanamh. Cha robh Iain Tormod a' smaoinachadh gun robh an comas airson Comataidh Foghlam is Rannsachaidh ceart. Cuiridh e an dreachd cheart gu Fiona.

ITML/FNF

8.6 **Plana Gàidhlig**
Chaidh am plana Gàidhlig aontachadh. Chaidh taing a thoirt do Janni agus Nicola airson na rinn iad gus am plana a thoirt gu buil.

8.7 **Luachadh - Aithisgean agus Plana a' Bhùird**
Chaidh plana a' Bhùird aontachadh. Chaidh taing a thoirt do Faye airson an luachadh a dhèanamh agus do Fiona airson planaichean leasachaidh ullachadh.

Aithisg Co-ionannachd
 8.8 **Chaidh na h-aithisgean aontachadh.** Thug an Cathraiche taing do Iain agus Nicola airson na h-obrach rinn iad.

Slàinte is Sàbhailteachd
 8.9 Cha robh dad ri thogail.

9 FOGHLAM AGUS RANNSACHADH

9.1 **Aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim:**
 Bhruidhinn Iain Tormod ris an aithisg agus thugadh fa-near na puingean a leanas:

9.1.1 **Àireamhan nan oileanach** - Tha àireamhan oileanach gu math iosal am-bliadhna an taca ris an àm seo an-uiridh.

9.2 **Deagh-ghnè - Plana Luachaidh is Leasachaidh**
 Tha pròiseas sgrùdaidh ùr aig Foghlam na h-Alba, le barrachd cuideim air fèin-luachadh agus planaichean adhartais. Tha aig a' Cholaiste ri Plana Luachaidh agus Plana Leasachaidh a dheasachadh ro dheireadh an Dàmhair agus bidh aig a' Bhòrd Stiùiridh ri aontachadh aig coinneimh na Sultaine.

EMG/ITML

10 LEASACHADH, NA H-EALAIN AGUS PRÒISEACTAN

10.1 **Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh:** Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh.

10.2 **Leasachadh na Cille Bige: Taigheadais**
 'S e an 16mh den Ògmhios an ceann la airson iarrtasan airson nan taighean agus chualas gu bheil grunnan air iarrtasan a chur a-steach air an son. 'S e an Highland Small Communities Housing Trust a bhios a' dèiligeadh ris na h-iarrtasan.

Goireasan Spòrs
 Thugadh fa-near aithisg mun ghoireas.

11 GNOTHAICHEAN IOMCHAIDH SAM BITH EILE

11.1 **Sàr Ghàidheil**
Chaidh aontachadh gur e Iain Dòmhnallach agus an t-Urr Ruairidh MacLeòid a bhiodh a' faighinn nan duaisean am-bliadhna.
 Chaidh moladh gum bu chòir bòrd le ainmeannan nan daoine a fhuair an duais cheana, a bhith air a bhalla aig an Ionad Fàilte agus gum biodh liosta air an làrach-lìn agus ath-nuadhachadh air na teisteanasan cuideachd.

CNC

- 11.2 **Clàr nan Coinneamhan**
Chaidh an clàr aontachadh.
- 11.3 **Togalach Fàs**
Thug dìthis de bhuill an CIO cuairt air an togalach. Tha an togalach air a bhith ag aoidion airson iomadach bliadhna a-nis. Thèid coinneamh shònraichte dhen CIO a ghairm airson coimhead air na cùmhnantan togail agus thèid gluasad gu bhith a' toirt gnothaichean gu ceann.
- 11.4 **Òraidiche na Colaiste**
Tha Julie Fowlis air aontachadh an òraid a dhèanamh am-bliadhna. **Chaidh aontachadh gum biodh an òraid air an oidhche ro choinneimh a Bhùird - 14 Sultain.**
- 12 **CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH**
- 12.1 **Ceann-là na h-Ath Choinneimh:** 15 Sultain 2017
- Sgaoil a' choinneamh aig 3.40f*
- IG/AMA /
AML/DAM
- DM